

Tìr a bha fada gun cheannard ach cànanan

SEONAIHD CAIMBEUL

FHUAIR muinntir na Beilge prìomhaire agus caibineat ùr bho chionn mìos. Ged a bha iad bliadhna gu leth gun riaghaltas cunbhalach, tha e coltach nach do mhothaich iad mòran às an àbhaist a thaobh riaghladh na dùthcha san eadar-àm fhada sin.

A rèir cuid, tha a' Bheilg an impis sgoltadh eadar dà choimhearsnachd chànanach, Flann-drachais san taobh tuath, a rachadh leis an Òlaind nan robh sgaradh ann, agus Wallonie san taobh a-deas a rachadh leis an Fhraing. Dh'fhaodadh a' choimhearsnachd bheag Ghearmailteach air an taobh an-ear tilleadh dhan Ghearmailt.

Sin a tha nàiseantaich Fhlandrach ag iarraidh, mar a rinneadh le Teiceaslobhagia ann an 1992. Se dùthaich gu math "cunndrach" neo feadarail a tha anns a' Bheilge-tà, far a bheil còirichean cànanach, iomadachd chultarach agus sgoileadh-cumhachd poiliteigean nan roinntean fa leth air an daingneachadh ann an siostam lagh a tha nas ioma-fhillte na bha aca ann an Teiceaslobhagia. Tha lionraidhean de chòirichean reachdail a' teannachadh na dùthcha ri chèile aig a' cheart

àm 's a tha iad ag adhbharachadh argamaid 's air uairean ùpraid.

San roinn-bhòtaidh Halle-Vilvoorde bha còirichean aig luchd bruidhinn na Fraingis bhòtadh air son pàrtaidhean Walloon neo pàrtaidhean Flann-drachais a réir an toil ann an taghadh 2007. Cha robh an aon roghainn aig luchd bhòtaidh Flann-drachais anns a' Wallonie. Thog sin connspaid a chuir ri duilgheadasan ann a bhith a' cur riaghaltais ri chèile eadar na pàrtaidhean as motha.

Ged a bhreithnich cuirt rèiteachaidh gur e suidheachadh mì-reachdail a bha ann, chaidh taghadh 2010 air adhart gun atharrachadh air gnothaichean. Thug sin cothrom do nàiseantaich Fhlandrach iomadh gearran eile a thogail a thaobh in-uiridh, eucòir, na dìomhanaich 's mar sin air adhart. Tharraing am pàrtaidh nàiseanta Flann-drachais as motha, an Nieuw-Vlaamse Alliantie (N-VA), a-mach à còmhraidhean mun t-seòrsa co-bhannachd a tha deatamach sa Bheilg far a bheil e doirbh dha aon phàrtaidh thar chàich cuid mhòr shoilleir a bhuanachadh ann an Seòmar nan Rìochdairean.

Thàinig fochadh mu dheireadh thall air 10 Dùdhlachd nuair



Taibhs aig a' chuirme? Anns a' cho-bhannachd aig Elio Di Rupo, bruidhniche Fraingis, tha a h-uile pàrtaidh ach am fear as motha

thàinig Elio Di Rupo, ceannard nan sòisealach sa Wallonie, air beulaibh Albert II, Rìgh nam Beilgeach, le tagradh son riaghaltais ùr co-bhannachd a chur air dòigh. Fhuair Di Rupo taic bho cha mhòr gach taobh gu dhol 'na phrìomhaire. Tha sin a' fàgail an N-VA, le Bart De Wever os an cionn, 'nan aon phàrtaidh dùbhlachan san dùthaich gu léir. A-nis

tha Di Rupo (gu fosgailte gèidh, sòisealach, caol, "Laideann") agus De Wever (gu math fada air an taobh dheas, reamhar, "Anglach-Sasannach") a' riochdachadh dà dhealbhadh-magaidh na teagmhach a tha cumtadh nan làithean gu'n tuit an caibineat ùr às chèile le sganneal air choreigin.

Mar iomadh oifigeach riaghaltais eile, tha Consal na Beilge

ann an Alba, Yves Lemarchand, a' faicinn cruaidh fheum air riaghaltais a stiùireas an dùthaich tro dhùilgheadasan eaconomach agus eile: "Thathar ag ràdh le fealla-dhà gu bheil sinn a-nis, an déidh dhùim a bhith time mhòr gun phrìomhaire 's gun chaibineat, a' gluasad air thoiseach air dùthchannan eile gu dòighean riaghlaidh nas ionadaid. Ge-tà, tha sinn uile a' cur fàilte air an riaghaltais ùr, agus chan eil teagamh mu cho cudromach 's a tha e ann an gnothaichean an eaconomaidh, dìon agus dàimhean cèine."

Saoil a bheil fèin-aithne choitcheann os-nàiseanta aig na Beilgich a tha nas cumhachdaiche na fèin-aithne nàiseanta air dìofar choimhearsnachd cànanach? "Tha gu dearbh. Tha facl Julius Caesar, fortissimi sunt Belgae neo 'se na Beilgich as treuna', gu math aithnichte air feadh na dùthcha!"

Chan eil Rolf Falter, 58, a tha os cionn Roinn an Fhiosrachaidh Beilgich aig a' Phàrlamaid Eòrpaich sa Bhruiseal, idir cho cinnteach. "Tha dearbhadh aithne nàiseanta Beilgich ann ceart gu leòr, ach chan eil i ri fhaicinn ach ann am ball-coise 's còcaireachd. "Ma mhaireas an riaghaltais ùr

seo idir, bidh e air sgàth 's nach eil roghainn eile aig na pàrtaidhean co-bhannachd ann am Flann-drachais. Mur urrainn dhaibh an cruas seo a làimhseachadh gu faiceallach, tha fios aca gun tèid an slugadh suas san ath thaghadh le na nàiseantaich."

Thàinig Arie Beevester, 37, à Amsterdam a dh'obair 'na fhear-dealain sa Bheilg. "An déidh sia bliadhna ann an Antwerpen tha mi fhathast 'nam choigreach. Tha na Flann-drachais fada nas bàidh-eile ri Beilgich eile, ge b' e de chànan a tha aca, na tha iad ri Duidsich. Se 'Hollandse Hoeren' (siùrsach Dhuidseach) a chanas iad rinn."

Tha cuid den òigridh sgèith de cheistean cànanach. Thuir oil-eanen, Elise Desmet, 22, à Mechelen: "Chan eil mi dol a dh'innsidh dhuib de chànan a tha agam bho thùs. Chan eil a' cheist sin a' coimhead ciallach dhomh. Se bana-Bheilgich ioma-cànanach a tha annam, agus is mì a tha moiteil às!"

Ge b' e dhachras gu politigeadh anns a' Bheilg, tha iomadh-cud chultarach agus comasan cànanach aca a tha prìseil.

seoncaimbeul@gmail.com

Prògraman Nollaig? Chan eil duine gan dèanamh nas fheàrr na BBC Alba

JOY DUNLOP
TELEBHEISEAN



Wallace agus Gromit: Gàidhlig gun fheum air fo-thiotalan

AIG àm na Nollaige tha sinn air ar bogadh ann am prògraman ràitheil, sònraichte gus na teaghlachan a shàsachadh as dèidh na dinnearan mòra aca a ghabhail. 'Nam bharail-sa, b' ann air BBC Alba a bha an fheadhainn a b' fheàrr an turas seo, le iomadh seòrsa gèr dhiubh ri lorg gus an latha a chur seachad gun strì.

Latha na Nollaige fhèin, thachair sinn ri seinneadairean a bha gu math diofraichte bhon chaid shealladh aca a b' seinn son na ciad uair, bhon aon duilleig. Ann an *Is Mìse Michelle McManus* ghabh sinn cuairt leis an t-seinneadair Albannach a choisinn clùid dhi fhèin nuair a rinn i a' chùis air an fharpais *Tbh Pop Idol*. Ged a rugadh 's a thogadh i ann an Glaschu, bha Michelle cinnteach gun robh ceanglaichean teaghlach aice ri Barraigh.

Lean sinn a slighe rannsachaidh dhan eilean sin agus cuideachd a dh'Uibhist, far an do ghabh i pàirt san t-seachdain chiùil "Ceòlas". Fhad 's a bha i ann, fhuair i sàr ionnsachadh bho na seinneadairean clùiteach Rona Lightfoot agus Kathleen NicAonghais gus dùbhlàn ùr a choileanadh - òran Gàidhlig a sheinn air beulaibh luchd-eist-

eachd Gàidhlig agus air àrd-ùrlar. B'e prògram aotrom spòrsail a bh' ann, a dhearbhadh cho càirdel tuigseach 's a tha Michelle, cho eireachdail 's a tha seallaidhean Barraigh 's Uibhist agus cho dùilich 's a tha e òran Gàidhlig a ghabhail gun fhacal Gàidhlig 'nad theagaidh. Agus ged a rinn Michelle a' chùis uair eile, feumaidh mi aideachadh gun robh mi a' stùileachadh ri barrachd òran Gàidhlig a chluinntinn bhuaice. Ach 's dòcha gun nochd iad san ath phrògram aice!

Leis a-sin, 's math gun robh òran am pailteas anns *Na Caimbeulaich*, sàr phrògram mun teaghlach ainmeil às a' Ghnìob ann an Eilean Sgitheanach. Cha chreid mi gu bheil duine beò ann an saoghal na Gàidhlig nach aithnich a' mhòrchuid den teaghlach seo, agus anns a' phrògram, ghabh sinn sgrìob ioma-fhillte

tron eachdraidh beatha aca. Se teaghlach aithnichte a th' ann, chan ann a-mhàin air son an comasan ciùil ach air son an taic a thug iad dha leasachadh na Gàidhlig ann an Glaschu, agus anns a' phrògram, chaidh a thaisbeanadh gu soilleir gur iad a tha làn airidh air an cuid clùid. Bha e làn agallamh bho bhuilt an teaghlach agus bho chlàraidhean bho iomadh linn, 's chaidh a chur ri chèile le snas agus tuigse.

Le leabhar agus clàr cuideachd anns an amharc, tha e follaiseach gun mair dileab phrìseil nan Caimbeulach air son nan ginealach ri tighinn sa h-uile seachd.

Ach cha b' ann do dh'inbheach a-mhàin a bha prògraman na Nollaige. Bha e 'na thoileachas do mhòran gun deach dreach Gàidhlig a chur air fear de na craolaidhean ainmeil aig Wallace agus Gromit. Bha *Mallachd an Fhìr-Rabaide* 'na tharraing do chloinn 's do dh'inbheach, agus sheall e gu bheil Gromit a' cheart cho siùbhach anns a' Ghàidhlig.

'Na mo bharail-sa cuideachd, bha e 'na bhuanachd nach robh sgeul air fo-thiotalan leis gu bheil e fìor dhùilich gun a bhith gan leantainn, fìs ma tha do chlaigean làn Gàidhlig. Ma thathas air son luchd-amhairc ùr a tharraing 's a ghleidheadh, chuirinn fàilte air tuilleadh dhen t-seòrsa.

Neo-eisimeileachd: beachd an t-sluaigh

AN t-seachdain sa chaidh thug sinn seachd freagairtean luchd-poilitigs ris a' cheist mhòr 'Co ris a bhios Alba coltach ma gheibh i neo-eisimeileachd?' Tha an t-àm aig an t-sluaigh a-nis an guth a thogail. Ma tha thu son do ghuth a chur riutha, cuir fios thugainn: Gaelic Editor, The Scotsman, 108 Holyrood Road, Edinburgh, EH8 8AS, neo robert@scotsmans.com.

RODY GORMAN
Èireannach, bàrd Gàidhlig

AIG ìre car bunaiteach, chan eil mi an dùil gu bheil a leithid de rud ann tuilleadh ri "neo-eisimeileachd" ann an seagh poilitigeach no eaconomach, ged dh'fhaodadh a thaobh cultair. 'S fiù ged bhith-eachd, co dh'iarraidh a leithid agus an saoghal mar a tha e 'n-dràsta?

Se leth eisimeileachd an àbhaist a-nis, saoilidh mi, agus seo na th' aig Alba gu ìre co-dhiù. Chaidh dùthchannan beaga leithid Innis

Tìle 's Èirinn a mholadh mar shamhlaidhean roimhe ach le na dh'fhuiling iad de chrìonadh tha iad nas eisimeiliche a-nis na bha iad riamh, cha mhòr.

Chan eil mi faicinn dad ceàrr air a bhith an eisimeil - nuair a smaoinicheas mi air neo-eisimeileachd, bidh mi smaoinichadh air ALBA/NA gu Enver Hoxha. Mas

e toil muinntir na h-Alba dol neo-eisimeilich, air chleas Sudan a-Deas an-uiridh, co mise air son a ràdh gu bheil iad ceàrr ge-tà?

ISHI NICILIEATHAIN
Craoladair

THA mise gu tric thall thairis 's gu dearbh sann a bhios mi gam mhùineachadh fhèin mar "Albannach" ma thig fhaighneachd co às a tha mi - ach eil sin a' ciallachadh g'eil mi air son Alba neo-eisimeilich fhaicinn? A dh'innse na firinn chan eil mi cinnteach, oir chan eil mi buil-each a' tuigsinn co ris a bhiodh an dùthaich coltach nan seasadh i leatha fhèin mar stàit. Am biodh airgead gu leòr innte - thathar daonnan a' bruidhinn air ola ach cha mhair sin gu bràth, gu h-àraidh mar a thathar ga cleachdadh san latha a th' ann. Ge-tà, tha dùthchannan nas lugha 's le nas lugha de mhaoin a' dèanamh a' chùis anns an AE.

Tha argamaid cuideachd ann gun biodh iomaigh nas laige againn gun dùthchannan eile an aonaidh ach, ann an seagh, tha mi smaointinn gun dèanadh e feum dhùinn nam feumadh sinn barrachd smachd a chumail oirnn fhìn mar dhùthaich.

Tha iomadh ceist ri freagairt air mi ri luchd-riaghlaidh air an aiseag no sa Cho-op. Ach chan atharraich àrainneachd, cultar agus eachdraidh na dùthcha. Bidh sinn fhathast a' tàladh dhaoine bho gach ceàrn den t-saoghal. Tha mi cinnteach, leis an riaghaltais cheart, gum bi Alba toirt fàilte chridheil dhaibh.

